

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Eòghann Mac a' Ghobhair (5)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 896. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 592 corresponds to Litir 896.

Bha Eòghann Mac a' Ghobhair air a thoirt air beulaibh na banrigh – a mhàthair – far an do dh'aithnich a piuthar, Fionnghal, e. 'Seo do mhac fhèin!' thuirt Fionnghal ri a piuthar.

Bha feadhainn eile ag ràdh, 'Seadh, tha e coltach ris an t-seann rìgh nach maireann, gun teagamh.' Bha iad a' gabhail 'MacCoinnich Mòr' air agus bha iad a' dèanamh gàirdeachas. Cha robh a' bhanrigh cinnteach. 'Tha a thrusgan is a chloidheamh coltach ri feadhainn a bh' aig an duine agam nach maireann,' thuirt i, 'ach feumaidh mi a bhith cinnteach gur e seo mo mhac mus toir mi a' chathair rioghail dha.'

Thàinig Coinneach air adhart. 'S urrainn dhomh fhìn dearbhadh co-dhiù 's e seo Mac a' Ghobhair. Nuair a bha e òg, agus sinn a' fuireach ann an Àird Làir taobh Loch Ma-ruibhe, bha e a' cluich leis an sgithinn agam. Gheàrr e a ghàirdean clì leatha. Ma tha an làrach ri a faicinn air a ghàirdean chli, faodaidh sinn a bhith cinnteach gur e Eòghann Mac a' Ghobhair a th' ann.' Choimhead e air an fhear òg. 'Cuir do mhuinichill chli suas,' dh'òrdaich e.

Chuir Eòghann a mhuinichill suas agus bha làrach na tubaist ri a faicinn gu soilleir. Dh'èirich a' bhanrigh agus chuir i a gàirdeanan **timcheall a mic. Rinn a h-uile duine gàirdeachas.** Bha Eòghann a-nise na rìgh orra.

Bha Eòghann ga ghiùlan fhèin le fèin-urram is uaisle fhad 's a bha seo a' dol air adhart. 'S e a' chiad rud a rinn e mar rìgh 's gun do leig e na prìosanaich uile mu sgaoil. Mhìnich e do a mhàthair mar a bha Cailean Mòr air a thogail mar mhac, agus chaidh sìth a stèidheachadh eadar rìoghachd Chailein agus rìoghachd Eòghainn.

Chaidh Coinneach agus Fionnghal a dh'fhuireach ann an rìoghachd Eòghainn agus thug iad taic dha ann a bhith a' riaghladh na dùthcha. Chuir e fios do a mhàthair, Oighrig, a bha a-nise gu math sean. Thàinig ise a dh'fhuireach còmhla riutha agus bha iad uile sona còmhla.

Agus Eòghann? Uill, cha robh rìgh na b' fheàrr no na bu ghlice na esan. Bha gràdh aig an t-sluagh air. Ach dè mun t-seann fhàidheadaireachd – mìle bliadhna a dh'aois – a chuir eagal air Morair Caisteal Donnain? B' e sin gum biodh fear air an robh 'Mac a' Ghobhair' mar ainm a' gabhail na dùthch' aige thairis.

Uill, thachair e, ach tro phòsadh seach tro chogadh. Phòs Eòghann an aon nighean aig Morair Caisteal Donnain. Leis a sin, bha Eòghann a-nise mar uachdaran air rìoghachd mhòr a bha a' dol tarsainn na Gàidhealtachd an Iar.

Thòisich mi air an sgeulachd seo aithris le bhith ag innse dhuibh mar a fhuair mi lorg air Uamh Mac an Rìgh taobh Loch Ma-ruibhe. Sin an t-àite far an robh Eòghann a' fuireach nuair a bha e na leanabh, agus e beò air bainne gobhair, mus d' fhuair Coinneach às Àird Làir lorg air.

Uill, an dèidh mo thurais, nuair a bha mi fhìn 's mo chompanaich a' tilleadh don chàr, fhuair sinn sealladh math air trì gobhair fhiadhaich. Bha iad fhathast a' fuireach anns an sgìre far an robh Earba – an gobhar a chùm Eòghann beò – a' fuireach uaireigin. 'S dòcha gun robh iad càirdeach dhi. Bha e furasta a bhith a' creidsinn gun robh an sgeulachd fìor!

* * * * *

Faclan na Litreach: dh'òrdaich: *ordered*; sìth: *peace*; a' riaghladh: *governing*; fàidheadaireachd: *prophecy*; phòs: *married*; uaireigin: *at one time*; càirdeach dhi: *related to her*.

Abairtean na Litreach: far an do dh'aithnich a piuthar e: *where his sister recognised him*; seo do mhac fhèin: *this is your own son*; coltach ris an t-seann rìgh nach maireann, gun teagamh: *like the deceased old king, without doubt*; tha a thrusgan is a chladheamh coltach ri: *his apparel and sword are like*; mus toir mi a' chathair rìoghail dha: *before I grant him the throne*; 's urrainn dhomh fhìn dearbhadh co-dhiù 's e seo X: *I can prove if this is X*; a' cluich leis an sgithinn agam: *playing with my knife*; gheàrr e a ghàirdean clì leatha: *he cut his left arm with it*; cuir do mhuinichill chlà suas: *roll up your left sleeve*; bha làrach na tubaist ri a faicinn gu soilleir: *the mark of the accident was clearly seen*; bha Eòghann a-nise na rìgh orra: *Ewen was now their king*; ga ghiùlan fhèin le fèin-urram is uaisle: *carrying himself with dignity and gentility*; fhad 's a bha seo a' dol air adhart: *while this was happening*; leig e na prìosanaich uile mu sgaoil: *he freed all the prisoners*; mar a bha X air a thogail mar mhac: *how X had raised him as a son*; thàinig ise a dh'fhuireach còmhla riutha: *she came to live with them*; na b' fheàrr no na bu ghlice: *better or wiser*; bha gràdh aig an t-sluagh air: *the people loved him*; tro phòsadh seach tro chogadh: *through marriage rather than through war*; uachdaran air rìoghachd mhòr a bha a' dol tarsainn na Gàidhealtachd an Iar: *the leader of a big kingdom/territory that covered [much of] the West Highlands*; thòisich mi air an sgeulachd seo aithris: *I started to tell this story*; agus e beò air bainne gobhair: *living on goats' milk*; mus d' fhuair Coinneach às Àird Làir lorg air: *before Kenneth from Ardlair found him*; fhuair sinn sealladh math air trì gobhair fhiadhaich: *we got a good view of three wild goats*.

Puing-chànain na Litreach: **timcheall a mic: around her son.** *Timcheall, being a compound preposition, commands a noun in the genitive, certainly in the presence of an article. The possessive article (pronoun) 'a' fulfils this purpose grammatically. Thus mac is inflected to its genitive singular form mic. There is no lenition because the possessive is the third person feminine. 'Around his son' would be timcheall a mhic, with lenition.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Rinn a h-uile duine gàirdeachas: everyone expressed happiness, celebrated.**

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA